



Kidd, S. *Tormod MacLeòid: árd-chonsal nan Gàidheal*. In *Glasgow : bail mòr nan Gàidheal*, Chap 5, pages pp. 107-129. Glasgow: University of Glasgow (2007)

<http://eprints.gla.ac.uk/4581/>

4th September 2008

Sheila M. Kidd

Tormod MacLeòid: Àrd-Chonsal nan Gàidheal?

The secular work in Glasgow was unceasing. Morning after morning, from 9 o'clock onwards, he was besieged by a crowd of poor people on every imaginable errand, seated on the door-steps and in the lobby, awaiting an interview to state their hard cases – some wanting orders for schools or infirmaries; unfortunate labourers who had sustained injuries on the railway craving aid or money to take them home; some forlorn woman, with scant English, – a stranger in the great city, – in search of her husband [...] No consul in a foreign port could have more applications from distressed countrymen. The poor Highlanders all came, and nearly every morning was the same (MacLeod 1898, 200–01).

Seo an sealladh a gheibh sinn air beatha an Oll. Urr. Tormoid MhicLeòid ann an 1845 a rèir eachdraidh a bheatha; dealbh de dh'fhear dhan tigeadh Gàidheil Ghlaschu 's iad ann an èiginn ann am baile coimheach fada bhon dachaighean air a' Ghàidhealtachd. 'S ann air sàilleabh a choisinn agus a ghnìomhan às leth a luchd-dùthcha a choisinn e an t-ainm 'Caraid nan Gàidheil', ainm a tha againn air fhathast san latha-an-diugh, cha mhòr ceud bliadhna gu leth as dèidh a bhàis. B' esan fear de na Gàidheil a b' ainmeile san naoidheamh linn deug, fear a bha an sàs ann an iomadh iomairt a bhuin ri muinntir a dhùthaich fhèin: a' frithealadh Gàidheil Ghlaschu; a' cruinneachadh airgid airson nan Gàidheal aig àm nan gort; a' sgaoileadh foghlaim air a' Ghàidhealtachd; a' stèidheachadh irisean Gàidhlig agus a' sgrìobhadh rosg Gàidhlig.

Nuair a thug Iain Stiùbhart Blackie seachad a bheachd air sgrìobhaidhean MhicLeòid ann an 1876 bha iad air an sàr-mholadh mar '*the great work of classical Gaelic prose which shines above the rest as the moon among the lesser lights*' (1876, 315). Na leabhar *Literature of the Highlanders* 's ann mar 'the Dickens of the Highlands' a thug Nigel MacNeill iomradh air (1892, 333) agus nas fhaisge air an latha-an-diugh, tha Dòmhnall Iain MacLeòid air bruidhinn air mar '*one of the most important figures in the history of Gaelic prose*', ged nach eil e buileach dhen bheachd gur e buaidh mhath a bha aig MacLeòid air litreachas

Gàidhlig (MacLeod 1977, 203). Tha e follaiseach ge-tà gu bheil iomsgaradh mòr eadar cliù MhicLeòid agus an aire a tha sgoilearan Gàidhlig air a thoirt dha gu ruige seo. Tha dìth eòlais agus rannsachaidh againn air a ghnìomhan agus sgrìobhaidhean 's gun ach ceithir altan sgoileireil ann a tha air a sgrùdadh (MacCurdy 1950; Ó Baoill 1981; MacEachaidh 2002; Kidd 2002). Chan eil gin de na h-altan seo a' sgrùdadh MhicLeòid na iomlanachd ge-tà, ged a tha iad gun teagamh a' cur ris an eòlas a tha againn air. Chan eil na sgrìobhaidhean aige ann an clò nas motha. Chaidh cruinneachadh de sgrìobhaidhean MhicLeòid fhoillseachadh fon tiotal *Caraid nan Gàidheal* ann an 1867 – còig bliadhna an dèidh a bhàis – agus gu dearbh chaidh ath-fhoillseachadh ann an 1899 agus a-rithist ann an 1910 agus nochd cruinneachadh eile ann an clò, *Caraid nan Gàidheal. Second Series: A Further Selection from the Writings of the late Very Reverend Norman MacLeod D.D.*, air a dheasachadh le Seòras MacEanraig, ann an 1901. Eadar an dìth obair sgoileireil agus nach fhaighear a sgrìobhaidhean ann am bùth-leabhraichean, tha na bliadhnaichean air sgàile a chur thairis air MacLeòid air chor 's gum feum sinn coimhead air as ùr airson a chudrom ann an eachdraidh nan Gàidheal a thuigsinn. Cha ghabh seo dèanamh ann an aon alt, ach tha e freagarrach gur ann san leabhar seo mu dheidhinn Gàidheil Ghlaschu, agus e air obair anns a' bhaile seo fad 27 bliadhna, a thòisichear air Tormod MacLeòid a chur air beulaibh nan Gàidheal a-rithist agus air a sgrùdadh as ùr.

Rugadh Tormod MacLeòid ann an 1783 agus bhàsaich e ann an 1862 agus mar sin bha e beò tro bhliadhnan atharrachaidhean mòra airson na dùthcha air fad agus airson na Gàidhealtachd: bliadhnan nam fuadaichean, nan gort agus eilthreachd; leudachadh foghlaim, litearrais agus Beurla; leasachaidhean ann an teicneòlas agus còmh-dhail. Anns an alt seo, coimheadar air a' bhuaidh a bha aig cuid de na tachartasan seo air MacLeòid, mar a ghabh esan gnothach riutha agus mar a thug fuireach ann an Glaschu cothroman dha a bhith a' cuideachadh nan Gàidheal.

'S e am prìomh thùs a tha againn ann am MacLeòid a rannsachadh, eachdraidh a bheatha, *Memorials of the Rev. Norman MacLeod (Senr) D.D.* air a sgrìobhadh le a mhac, John Norman Maxwell MacLeòid a thàinig a-mach ann an 1898.¹ Cha do sgrìobh MacLeòid leabhar-latha, ach san ro-ràdh dhan leabhar seo tha a mhac ag innse mar a bha athair 'in his later years (chiefly at the instigation of a beloved daughter) [...] induced to commence to indite his Autobiography' (MacLeod 1898, v)

¹ Gheibhear teacsa an leabhair seo air-loidhne cuideachd aig http://www.highlandcathedral.org/history/macleod_st_columba_intro.asp

obair a ghabh e os làimh le bhith ga dheachdadh dha nighean. Tha an earrann a tha stèidhichte air fhaclan fhèin a' tighinn gu crìoch ann an 1825 agus tha an còrr den leabhar gu ìre mhòr stèidhichte air na litrichean agus òraidean aige. Tha an leabhar a sgrìobh a mhac a bu shine, air an robh Tormod cuideachd agus a bha na mhinistear ann an sgìre a' Bharonaidh ann an Glaschu, *Reminiscences of a Highland Parish* (1867), feumail ged a tha e a' tarraing air cuid dhen an aon stuth a tha a' nochdadh ann am *Memorials* agus ged a tha blas caran romansach – a bhiodh a' tighinn do leughadairean linn Bhictòria – air sealladh an ùghdair.²

Bhuineadh Tormod MacLeòid do dh'fhear de na prìomh theaghlaichean eaglaiseil ann an Alba, mar a mhìnich an t-Oll. Urr. Tòmas MacCalmain:

Thug an teaghlach sin aon mhinistear deug do Eaglais na h-Alba anns na naoi fichead bliadhna a chaidh seachad, agus eatorra rinn iad seirbhis a tha a' ruigheachd gu còrr is còig cheud bliadhna uile gu lèir. Ràinig sianar dhiubh inbhe Modaràtor, fhuair seachdnar urram Dotair Diadhaidheachd, bha aon na Phrìomh-chlèireach aig an Ard-sheanadh, agus bha mu leth-dusan dhiubh nam ministearan-taighe (no *chaplains*) aig an teaghlach rìoghail. (Meek ri thighinn)

Bha a sheanair Dòmhnall MacLeòid, neo 'Gobha Shuardail', na fhear-tac ann an Suardail anns an Eilean Sgitheanach (MacLeod 1898, 1; Meek ri thighinn). Ghabh mac bu shine Dhòmhnail, Tormod, gairm gu sgìre na Morbhairne ann an 1775, sgìre a dh'fhanadh anns an teaghlach mar gum biodh, còrr is ceud bliadhna leis mar a bha Iain, bràthair Caraid nan Gàidheal, na mhinistear an sin an dèidh athair gus an do bhàsaich e fhèin ann an 1882. 'S ann ann am mansa Fhionnairigh anns a' Mhorbhairne a rugadh Tormod agus a rèir a' chunntais a tha ri fhaighinn ann an *Reminiscences* 's e dachaigh gu math cofhurtail a bha ann am mansa na Morbhairne. Gheibhear a-mach '*the manse was in its structure rather above than below the houses occupied by the ordinary gentry, with the exception of the "big house" of the laird*' agus gun robh mu thrì fichead acair de dh'fhearann a' dol còmhla ris (Thornber 2002, 11). Bha taoitear aig an teaghlach agus ban-teagaisg airson nan nigheanan. Bha teaghlach mòr aig Tormod agus a bhean, Sìne Mhoireasdan 's fios againn gun robh

² Chaidh an leabhar ath-fhoillseachadh ann an 2002 mar *Morvern: A Highland Parish*, air a dheasachadh le Iain Thornber agus 's e sin a chaidh a chleachdadh ann an deasachadh an uilt seo.

Glasgow: Baile Mòr nan Gàidheal

seachd leanaban deug aca ged a bhàsaich cuid dhiubh sin glè òg (MacLeod 1898, 2). B' e Tormod – Caraid nan Gàidheal – an ceathramh leanabh, ach a' chiad fhear a mhair seachad air còig bliadhna a dh'aois. Bha taigh a' mhinisteir, mar a bhiodh dùil, na àite far an tigeadh muinntir na sgìre nuair a bha iad feumach air cuideachadh ge b' e carthannachd no comhairle a bha ga sireadh. A bharrachd air sin bha e na àite cruinneachaidh sunndach mar a dh'innseas ogha ministear na Morbhairne na *Reminiscences* (Thornber 2002, 16):

One characteristic of that manse life was its constant cheerfulness. One cottager could play the bagpipe, another the violin. The minister was an excellent performer on the violin, and a dance in the evening by his children was his delight. If strangers were present so much the better. He had not an atom of that proud fanaticism which connects virtue with suffering, as suffering, apart from its cause.

Chaidh mòran ùine a chur seachad taobh a-muigh a' mhansa cuideachd eadar obair an fhearainn, iasgach, sealg agus seòladh agus tha e coltach gun robh MacLeòid na dheagh shealgair agus sheòladair (MacLeod 1898, 15).

'S e an dachaigh Mhorbhairneach seo a dh'fhàg Tormod MacLeòid ann an 1799 nuair a thog e air a Ghlaschu airson dol do dh'Oilthigh Ghlaschu, turas a ghabh deich làithean aig an àm sin. Gu mì-fhortanach, chan eil càil againn a dh'innseas beachdan an fhir òig air a' bhaile far an cuireadh e seachad iomadh bliadhna dhe a bheatha. Faodaidh gu bheil beagan dhe na dh'fhairich Tormod òg nuair a ràinig e baile mòr Ghlaschu airson a' chiad uair ri fhaighinn ann am faclan Eachainn, caractar ann am fear dhe na còmhradhean aig MacLeòid, 's e a-mach air 'gleadhraich a' bhaile-mhòir so, agus toit a' bhaile-mhòir so, agus a' chabhag – a h-uile aon 'n a ruith 's 'n a dheann-ruith, mar gu-m biodh iad uile air tòir bean-ghlùine!' (*CnanG*, 178). Tha eachdraidh-beatha MhicLeòid a' dearbhadh cho doirbh 's a bha e airson cuid de na h-oileanaich Ghàidhealach tighinn beò sa bhaile, leithid fear òg, bochd à Liosmòr a bha a' còmhnaidh ann an rùm beag, air cùl àmhainn bèiceir, anns nach robh ach leabaidh, bòrd 's stòl, gun sgeul air teine. Bhàsaich e le tinneas sgamhain (MacLeod 1898, 10).

'S e cuspairean *humanities* a ghabh MacLeòid fhad 's a bha e aig an Oilthigh eadar 1799 agus 1804 agus an uair sin chuir e seachad ceithir bliadhna aig Colaiste na Diadhachd ann an Dùn Èideann. 'S ann an uair sin, ann an 1808, mar thoradh air bàs an Oil. Urr. Iain Mhic a' Ghobhainn, sàr sgoilear agus eadar-theangair Gàidhealach, a chaidh

MacLeòid a shònrachadh mar mhinistear Ceann Loch Chill Chiarain. Trì bliadhna an dèidh sin, ann an 1811, phòs e Agnes (no Nancy), nighean Sheumais Maxwell, Àros, Muile, a bha na sheumarlan do Dhiùc Earr Ghàidheal. Ann an 1825 chaidh MacLeòid a ghairm gu sgìre Champsaidh, ga thoirt nas fhaisge air Glaschu. An coimeas ris a' chiad sgìre dhùthchail aige, bha barrachd gnìomhachais anns an sgìre seo far an robh factaraidhean ceimigeach, mèinnean-guail agus blàran-gealachaidh. Bha mòran Ghàidheal air tighinn dhan Ghalldachd anns na ciad dheicheadan den naoidheamh linn an tòir air obair agus fhuair gu leòr dhiubh obair ann an Campsaidh agus mar sin bhiodh MacLeòid uaireannan a' searmanachadh dhaibh sa Ghàidhlig. Ann an 1835, deich bliadhna an dèidh do MhacLeòid agus a theaghlach tighinn do Champsaidh, ghabh e gairm gu Eaglais Ghàidhlig Sràid Ingram (air am biodh Eaglais Chaluim Chille an dèidh dhan choithional làrach ùr fhaighinn dhan Eaglais) ann an Glaschu agus 's ann an seo a dh'fhuirich e gus an do bhàsaich e ann an 1862. 'S ann air bliadhnaichean Champsaidh agus Ghlaschu a bhios fòcas a' chòrr dhen alt seo.

Nuair a bhruidhinn Tormod MacLeòid air beulaibh Comataidh Thaghta na Pàrlamaid ann an 1841 dh'innis e *'that there is no man better acquainted with the Highlanders of Glasgow'* na bha esan 's bhruidhinn e air cor an 25,000 Gàidheil a bha a' fuireach sa bhaile (*PP* 1841, 114). Thug e luaidh air mar a bhiodh e fhèin gan cuideachadh (*ibid.*, 115):

I am chaplain of the Highland Society's schools, attended by 700 children. I am connected with other charitable institutions, such as the Highland Stranger's Friend Society, a society for aiding poor strangers who have no legal claim for support upon the public funds of the city; so that I come in the course of the year in contact with a great proportion of these Highlanders who are destitute in Glasgow. I may say that every morning I have a levy of them from 10 to 11 o' clock.

Thug e iomradh air bochdainn cuid de na Gàidheil agus mar a bha iad nas buailtiche a' bhreac agus a' ghriùthlach a ghabhail na bha muinntir a' bhaile. Cha robh mòran obraichean ann an Glaschu anns nach fhaigheadh Gàidheil agus bha e na b' fhasa dhaibh a' bhith a' faighinn cosnadh na bha e do dh'Èireannaich leis mar a ruigeadh na Gàidheil Glaschu le litrichean molaidh.

Cha mhòr nach robh MacLeòid a' coilionadh dreuchd consail neo-oifigeil dha na Gàidheil a bha air ùr-thighinn a Ghlaschu sa chiad phàirt den 19mh linn. Bha iad ann am baile coimheach anns an robh cànan coimheach ga bhruidhinn agus far nach robh luchd-eòlais no luchd-taic

aig mòran dhiubh. Bha MacLeòid mar eadar-mheadhanair eadar Gàidheil Ghlaschu agus am baile, eadar a luchd-dùthcha agus na h-ùghdarrasan, na buidhnean-carthannais, na factaraidhean, na h-ospadalan, na h-eaglaisean agus na sgoiltean ann an Glaschu. Bhiodh MacLeòid a' cuideachadh Ghàidheal aig ìre phractigeach ann a bhith a' faighinn airgead dhaibh, mar eisimpleir bhon *Highland Stranger's Friend Society* air an tug e iomradh. Sgrìobhadh e litrichean dhachaigh airson Gàidheil nach robh comasach air sgrìobhadh agus a bhiodh a' cur airgid chun an teaghlaichean air a' Ghàidhealtachd. Dhèidheadh aige air obair fhaighinn airson na feadhna a bha feumach oirre. Bha e eòlach air farsaingeachd de dhaoine sa bhaile agus chuir e sin gu feum nan Gàidheal (MacLeod 1898, 214:

At the country houses in the neighbourhood – Possil (Sheriff Alison), Garscube, and Pollok – might be met any distinguished stranger visiting Glasgow, and in these houses he [MacLeòid] was a frequent guest. His wide acquaintance with the citizens was of great use to him in other ways, and to them he was indebted for assistance, generously given when required, for many a destitute creature – to meet the house-rent of some forlorn Highland lady who had known better days, or to assist a family whose head had been struck down by illness. Those who were large employers of labour (if there was any opening at all) seldom declined to give a man work if recommended by him.

Mar a tha an earrann seo a' sealltainn, bha MacLeòid eòlach air an dà chuid ìosal agus uasal agus bha e gu math deònach a chàirdean agus luchd-eòlais a chur gu feum às leth a luchd-dùthcha.

Bha saoghal Gallta MhicLeòid na b' fharsainghe na baile Ghlaschu a-mhàin ge-tà. Chaidh a thaghadh mar fhear de na ministearan-taighe aig an teaghlach rìoghail agus shearmanaich e air beulaibh na Banrìghe Bhictòria uair no dhà. Thug e fianais seachad do Chomataidhean Taghte na Pàrlamaid agus bha e na Mhodaràtor thar Eaglais na h-Alba. Bha Sir Raibeart Peel am measg a chàirdean agus bhruidhinn esan air MacLeòid mar '*a clergyman, whom I am proud to call my friend*'. (MacLeod 1898, 182) Ann am *Memorials* tha Iain MacLeòid a' mìneachadh gu robh athair tric ann an Lunnainn an lùib gnothaichean na h-eaglaise agus gun tug seo cothrom dha coinneachadh ri iomadh duine mòr agus cudromach an sin. (MacLeod 1898, Caibideil 9) Nuair a smaoinicheas sinn air seo uile, feumaidh gum b' e MacLeòid fear de na Gàidheil a bu bhuadhaiche ann am meadhan na 19mh leis an luchd-eòlais a bha aige an dà chuid ann an

Glaschu (gun luaidh air Dùn Èideann) agus ann an Lunnainn. Bha e na fhear a bha cho cofhurtaid a' bruidhinn ris na daoine a bu bho chda ann an Glaschu 's a bha e a' bruidhinn ri Buill Phàrlamaid ann an Westminster. Eadar an t-eòlas a bha aige air cor nan Gàidheal agus an càirdeas a bha aige ri iomadh duine uasal, thug seo cothroman dha a bhith a' dèanamh thagraidhean às leth nan Gàidheal air beulaibh cuid de na daoine as cumhachdaiche ann am Breatainn, mar a ch'è sinn. Ann a bhith a' leudachadh air prìomh ghnìomhan MhicLeòid tha mi a' dol a' choimhead air trì raointean sònraichte san do ghabh e gnothach agus 's e iad sin: (1) foghlam, (2) obair carthannais agus eilthireachd aig àm na gorta agus (3) sgrìobhadh.

Foghlam

Ann an ochdamh linn deug b' e sgoiltean sgìreil agus sgoiltean a' Chomainn airson Eòlas Crìosdaidh a Sgaoileadh feadh Gàidhealtachd agus Eileanan na h-Alba (*Society in Scotland for the Propagation of Christian Knowledge*, no SSPCK) na prìomh sgoiltean air a' Ghàidhealtachd agus cha robh a' Ghàidhlig ceadaichte annta. B' e a bhuil gum biodh na sgoilearan ag ionnsachadh Beurla a leughadh gun fhìor thuigsinn air na bha iad a' leughadh a chionns nach robh ciall na Beurla ga mìneachadh dhaibh nan cànan fhèin. Thàinig atharrachadh air seo le stèidheachadh Comann nan Sgoiltean Gàidhealach, no Sgoiltean Chrìosd, ann an Dùn Èideann ann an 1811 leis mar a b' e prìomh amas na buidhne seo a bhith a' teagasg nan Gàidheal am Bioball a leughadh nan cànan fhèin (Withers 1984, 137). Chaidh an aon seòrsa comainn a stèidheachadh ann am bailtean eile airson cuideachadh ann an litearras a sgaoileadh air a' Ghàidhealtachd. A rèir anailis Charles Withers air na figearan, bha 495 sgoiltean de chaochladh sheòrsachan air a' Ghàidhealtachd ann an 1826: 171 sgoiltean sgìreil, 134 sgoiltean aig an SSPCK agus 190 aig na comainn Ghàidhlig (Withers 1984, 140). Mar sin, anns na ciad dheicheadan den naoidheamh linn deug chithear atharrachadh a' tighinn air a' phoileasaidh an aghaidh Gàidhlig leis mar a thòisich na sgoiltean sgìreil agus sgoiltean a' Chomainn airson Eòlas Crìosdaidh a Sgaoileadh air eisimpleir Comann nan Sgoiltean Gàidhealach a leantainn, a' leigeil leis na maighstirean-sgoile aca a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig. 'S ann anns a' cho-theacsa seo a dh'fheumas sinn beachdachadh air na rinn MacLeòid a thaobh foghlam nan Gàidheal. Bha MacLeòid gu mòr airson gum biodh làmh aig an eaglais ann am foghlam a leasachadh air a' Ghàidhealtachd agus tha e coltach gun robh e a' cur seo air adhart gach cothrom a fhuair e. Tha e a' toirt an urrainn airson mar a dh'aontaich Àrd-Sheanadh na h-Eaglaise ri sgoiltean a stèidheachadh air a' Ghàidhealtachd dhan Urr. George Husband Baird,

Glasgow: Baile Mòr nan Gàidheal

Prionnsabal Oilthigh Dhùn Èidinn, a rugadh ann an Lodainn an Iar agus aig nach robh facal Gàidhlig.³ Tha *Memorials* MhicLeòid (1898, 44) a' soilleireachadh chùisean beagan agus a' dearbhadh dhuinn mar a thug MacLeòid air gnothaichean atharrachadh ann an 1824:

At the sittings of the Assembly, Mr. Macleod further resisted all the applications made to him by Principal Baird, to throw in whatever little influence he possessed in support of the moderate interests, unless he and his party would aid in promoting the education of the people of the Highlands and Islands, where a melancholy destitution of the means of education existed. A public supper was got up, at which all representatives, lay and clerical, from the Highlands were present, who drew up an address to the Principal and his friends, to institute a scheme for the promotion of education in the Highlands [...] The Principal at once consented to be Chairman of an Educational Scheme for the Highlands etc., on condition that he should not be asked to speak in the Assembly. He handed Lord Brougham's statistics to Mr. Macleod, who, at his request, and that of his Highland friends, agreed to bring the subject under notice of the Assembly.

Chaidh le MacLeòid agus thòisicheadh air sgoiltean Àrd-Sheanadh na h-Eaglais a chur air bhonn ann an 1825. Tha e follaiseach bho seo ge-tà gun robh MacLeòid gu math seòlta na dhòighean agus comasach air an t-slighe as fheàrr a lorg airson amasan a choileanadh. A bharrachd air sin bha e mothachail air mar a dh'fheumadh e argamaid atharrachadh a rèir cò ris a bha e a' bruidhinn eadar gur ann ri ministearan na h-eaglais, buill pàrlamaid no leughadairean nan irisean aige.

Nuair a fhreagair e ceistean Comataidh Taghte na Pàrlamaid ann an 1841, Comataidh a chaidh a stèidheachadh airson sgrùdadh a dhèanamh air cor na Gàidhealtachd agus freagarrachd sgeama eilthreachd, dh'innis e dha na daoine a bha an làthair (*PP* 1841, 85):

³ 'S e George Husband Baird MacLeod a bha air ceathramh mac MhicLeòid, mar dhearbhadh air a' mheas a bha aige air an duine seo. Tha e inntinneach cuideachd gun robh 'Caraid nan Gàidheal' aig feadhainn air Baird fhèin agus an t-ainm sin a' nochdadh fo dhealbh ann an *Leabhar Aithghearr nan Ceist* (Edinburgh: D. R. Collie, 1855) a rèir an Urr. Dòmhnail MhicIllleathain (MacLean 1915, 78, 82). Mo thaing do Ragnall MacilleDhuibh airson seo a thoirt gu m' aire.

[Gaelic] is a great obstacle and we are all anxious to get rid of the separate language; we know the evil of it and we are introducing English through the medium of the Gaelic language.

'S e beachd car iongantach a tha seo a rèir na bha e ag ràdh ann an àitean eile. Ach ma chuimhnicheas sinn cò ris a bha e a' bruidhinn tha e nas coltaiche gun robh e ag ràdh na bhitheadh na buill pàrlamaid airson cluinntinn na gun robh e a' cur nam fìor bheachdan aige fhèin an cèill. B' e an t-amas aige a bhith a' faighinn taic bhon Chomataidh airson eilthreachd a chuidicheadh na Gàidheil. Ma nì sinn coimeas eadar na faclan gu h-àrd agus na thuirt e air beulaibh Àrd-Sheanadh na h-Eaglais ann an 1824, chì sinn gun robh e a-rithist a' taghadh na h-argamaid a bu fhreagarraiche airson an luchd-èisteachd nuair a dh'innis e dhaibh mar nach robh cothrom aig iomadh Gàidheal am Bioball a leughadh (*ECI*, 493):

if you had no higher object in view than the cultivation of the English language you could not more effectually promote that object in the Highlands and isles than by introducing the English through the medium of Gaelic schools.

Aon uair eile tha e cur cuideam air na puingean a bu chudromaiche dhan luchd-èisteachd, gu bheil cothrom aca an dà chuid an soisgeul a sgaoileadh agus sìobhaltachd a thoirt dhan a' Ghàidhealtachd ann a bhith a' teagasg Gàidhlig dhan chloinn. Agus ann a bhith a' toirt neart dhan argamaid aige tha e a' sealltainn gum faodadh an cànan a bhith na bhuannachd 's e a' toirt iomradh air na Gàidheil a bha a' togail orra do dh'America a Tuath, '*men whose language and habits being distinct will render them an admirable barrier against American and French principles*' (*ECI*, 498).

Uaireannan, chì sinn diofar eadar na thuirt e ann am Beurla agus na bha aige ri ràdh ann an Gàidhlig. Nuair a sgrìobh e sa chiad iris dhen *An Teachdaire Gaelach* dh'innis e dha leughadairean (1, 1829, 2–3):

Thainig, air leinn, an t-àm, anns am feudar gach gne fhiosracha feumail a bha chuige so glaiste o Ghaedheil ann an leabhraichibh beurla a chraobh-sgaoileadh air feadh gach gleann is tìoraile, agus gach Eilean is uaigniche. Ged a tha bheurla air a labhairt le mòran sna cearnaibh sin, agus ged is ro iomchuidh gum buadhaicheadh i ni's mò agus ni's mò,

Glasgow: Baile Mòr nan Gàidheal

gidheadh 's i Ghaelich fhathast cainnt na dùthcha, théid linne seachad m'an caochail i.

Chan eil fhaclan air a chànan fhèin cho àicheil an seo, mar a bhitheadh dùil 's e a bruidhinn ri a luchd-dùthcha. 'S ann anns an ro-ràdh do leabhar-sgoile, *Leabhar nan Cnoc* (1834) agus e a' labhairt ri Comunn Oiseineach Ghlaschu a gheibhear na faclan as taiceile aige dhan a' Ghàidhlig (MacLeod 1834, viii):

Mar a's eòlaiche chinneas sibh air maise, air mìlsead, agus snasmhorachd na Gàilig, 's ann a's taitniche bhitheas i leibh. Na creidibh iadsan tha 'g ràdh gu bheil a' Ghàilig air leabaidh a bàis – tha i co slàn, làidir, ùrail, agus a cuisle co fallain 's a bha i riamh; agus ged thachradh e gum biodh i air a fógradh á h-Albainn am màireach, tha farsuingeachd agus fasnachd a' feitheamh oirre taobh thall do'n chuan mhòr, far am bheil cheana na mìltean d'a muirichinn féin a dh'fhàilteachadh agus a dh'altruimeachadh i le sòlas.

Mar sin, dè na fìor bheachdan aig MacLeòid air Gàidhlig? Feumar a bhith amharasach gun robh a bheachdan na b' fhaisge air na thuir e ann an Gàidhlig na bha iad ris na thuir e ann am Beurla. 'S cinnteach gun robh e làn-chreidsinn anns an sgeama a mhol e dhan Àrd-Sheanadh, gum feumadh na Gàidheil bhith comasach air am Bioball a leughadh nan cànan fhèin agus a bharrachd air sin gum feumadh iad Beurla a thogail. Ach, ged a bha e airson Beurla a chur air adhart chan eil sin ri ràdh gun robh e airson cur às don Ghàidhlig buileach mar a dh'innis e do Chomataidh na Pàrlamaid. Ma tharraingeas sinn air fianais fhaclan eile, tha e coltach gun robh e a' faireachdainn gum faodadh an dà chànan, Gàidhlig agus Beurla, bhith ann taobh ri taobh, ged a chuirteadh às don darna fear mu dheireadh thall, na bheachdsan.

Faodaidh gur ann anns na sgrìobhaidhean aige, agus gu sònraichte anns na chòmhradh, as fhaisge a gheibh sinn air beachdan MhicLeòid fhèin. Ann an còmhradh eadar dithis characteran mu na sgoiltean ùra, tha Lachlann nan Ceistean a' cur an cèill do Dhonnchadh Mòr dè as coireach gu bheil sgoiltean na h-Eaglaise a' teagasg Gàidhlig an àite Beurla (oir tha Donnachadh airson 's gun ionnsaich a mhac Beurla):

nach b'fhearr leat fein suidhe sìos ri taobh an tuim le fear-dùthchadh a dheanadh seanachas riut a thuigeadh tu, na le bleidire Sasannach a sgioladh sìos a chainnt, 's gun thu tuigsinn focail di. Cha'n'eil cearna do'n t-saoghal air an

cualadh sinn iomradh, san ionnsaich iad cànmhuinn choimheach m'am foghlum iad cainnt am màthar, ach a mhàin sa Ghaeltachd. Amach air a Ghalldachd nam feuchadh daoine ri Laduinn no Fraingis a thoirt d'an cloinn gus am biodh iad comasach air an cainnt fein a leughadh an toiseach, agus feum a dheanamh dhi mar mheadhon gu ruigheachd air càch, shaoileadh iad gun robh am fear a dh'fheuchadh ris air bhàinidh. 'S fhad o theannadh ris an doigh amaidich so sa Ghaeltachd, agus is beag buannachd a thainig na lorg. C'uin a thòisich daoine am bitheantas air tlachd a ghabhail ann an leughadh a Bhiobuill agus leabhraichean math eile, nach ann o thòisich foghlum leughadh na Gaelic? Cò iad is dùrachdaich a ni feum do'n leabhar naomh? Nach 'eil iadsan a tha comasach air a leughadh ann an cainnt am màthar (*TG* 2 1829, 32–33).

Dìreach mar a bha MacLeòid mar ghuth Gàidhealach air a' Ghalltachd agus ann an Lunnainn, a' mìneachadh feuman na Gàidhealtachd dhan t-saoghal, bha e cuideachd na ghuth-mìneachaidh, a' cleachdadh a sgrìobhaidhean airson amasan sgoiltean na h-Eaglaise a shoilleireachadh agus a mholadh dha luchd-leughaidh Gàidhealach. Mar sin, faodar coimhead air a' phàirt a ghabh MacLeòid ann am foghlam air a' Ghàidhealtachd tron chonaltradh a bha aige le daoine aig an robh buntanas ri foghlam aig gach ìre, an fheadhainn a thug buaidh air foghlam, an fheadhainn a stèidhich na sgoiltean agus an fheadhainn a bhiodh a' dol dha na sgoiltean. Tron an fharsaingeachd de dh'fhianais air beachdan MhicLeòid air Gàidhlig chithear mar a bhiodh e a' cleachdadh nan argamaidean a b' fheumaile airson amasan a choilionadh a rèir cò ris a bha e a' bruidhinn, muinntir na Pàrlamaid, ministearan na h-eaglaise no an sluagh Gàidhealach.

Gort agus eilthireachd

Anns a' chiad leth den naoidheamh linn deug b' e buntàta, min ga dèanamh bho choirce agus eòrna, sgadan, agus bainne am biadh a bha aig a' chuid a bu mhotha de na Gàidheil. Ann an 1836, leis cho dona 's a bha an aimsir bha mòran den t-sluagh air am fàgail gun mòran arbhair no buntàta agus a bharrachd air sin dh'fhàillig an t-iasgach agus iomadh coimhearsnachd na eisimeil. Bha na mìltean de Ghàidheil ann an dubh-bhochdainn agus cunnart ann gum bitheadh cuid dhiubh a' bàsachadh leis a' ghoirt. Chuireadh tagradh a-mach às leth nan Gàidheal ann an Glaschu, Grianaig agus Pàislig agus chruinnicheadh airgead a bha ga chleachdadh airson min a chur dha na sgìrean a bu mhotha feum. Ach nuair a thàinig e am follais cho fìor dhona 's a bha an suidheachadh air feadh na

Gàidhealtachd chaidh an tagradh a sgaoleadh na b' fharsainghe. Chaidh Tormod MacLeòid, còmhla ri dithis eile, John Bowie, fear-lagha a bha na fhear-ionaid airson oighreachdan a' Mhorair Dhòmhnallaich san Eilean Sgitheanach, agus Charles Baird, mu chuairt bailtean Shasainn a' tional airgid às leth nan Gàidheal. Fhad 's a bha MacLeòid ann an Lunnainn thug e òraid seachad, aig am Mansion House, taigh Àrd-Bhàillidh Lunnainn. Anns an òraid dh'innis MacLeòid (1898, 128–29) dha luchd-èisteachd mun staing anns an robh na mìltean de a luchd-dùthcha:

There are many entire parishes in these island districts without meal, and having no more potatoes (their sole subsistence) than sufficient to keep the people in existence for a few weeks, while a fearful proportion of them are without peat (or turf) for fuel, or an article of food to maintain life, except the miserable substance obtained from shell-fish and sea-weed collected at low water: huddled together for want of blankets or bed-clothes, under a covering of dried ferns or rushes, and as a population without seed, either of corn or potatoes, for the ensuing season.

Le cuideachadh bho MhacLeòid, chluinneadh guth nan Gàidheal ann an Lunnainn. Ghabh MacLeòid an cothrom a bhith a' cuimhneachadh dhan luchd-èisteachd mar a bha iad fo fhiachan shaighdearan Gàidhealach '*who in every country have taken their full share in the great struggle which terminated in the peace of Europe, – men who in every field and in every climate have covered themselves with glory*' (MacLeod 1898, 131). Uile gu lèir chaidh mu £200,000 a chruinneachadh agus airgead a' tighinn bho iomadh ceàrn den t-saoghal, eadar na Stàitean agus Canada, na h-Innsean an Iar agus na h-Innsean an Ear. Cheannaicheadh min agus plaideachan leis an airgead agus chleachd comataidhean carthannach Ghlaschu agus Dhùn Èideann comataidhean ionadail airson an stuth seo a sgapadh dha na sgìrean a bu bho chda air a' Ghàidhealtachd. Bha MacLeòid fhèin air comataidh Ghlaschu.

Ach dè bha aig MacLeòid ri ràdh ri luchd-dùthcha fhèin mun ghort seo? Cha robh e a' foillseachadh iris Ghàidhlig aig àm gort 1836–37, ach ann an 1840, sa chòigeamh iris den iris aige, *Cuairtear nan Gleann*, leughar a' chomhairle a bha e a' tairgsinn an dèidh na gorta agus na taic charthannaich. Ann an 'Còmhradh mu Mhin nam Bochd eadar Alastair Cruinn agus Ailean Mòr', tha Ailean air tighinn a dh'iarraidh air Alasdair (caraid agus fear-cinnidh dha) baraille no dhà buntàta a thoirt dha. Tha Alasdair gu math deònach buntàta a reic ri Ailean ma tha an t-airgead aige – chan eil – agus tha e a' faighneachd dha carson nach do chuir e

buntàta as t-earrach oir tha iad air fàs gu math airson a h-uile duine a tha air an cur. Tha Ailean ag aideachadh nach do chuir e buntàta idir airson, ‘a dh’innseadh na firinn, bha fiughair agam ged a thigeadh beagan èiginn orm, gun dèanadh a’ mhin Ghallda cobhair orm, mar anns na bliadhnanachan a chaidh seachad (*CnanG* 5, 1840, 99–103). Tha seo a’ toirt cothrom do dh’Alastair (agus do MhacLeòid) a bhith a’ càineadh na mine a chaidh a sgaoileadh leis na comataidhean carthannach (ibid., 100):

Ma-tà, ged a bhiodh gach maor agus madadh san dùthaich air mo thòir, cha rachainn gus a’ bhaigeireachd, a dh’iarraidh na dèirce, am feadh ’s a bha ’n Tighearna gleidheil slàinte agus neart rium, ’s cha mhò bhiodh mo chlann rùisgte no acrach am feadh ’s a b’ urrainn domh an cosnadh a dhèanamh. Gun teagamh rinn a’ mhin a bha ’n sin fuasgladh air mòran a bha ann an càs. Rinn i maith tha mi ’g aideachadh; ach rinn i cron mar an ceudna. ’S beag nach d’ rinn i uiread chron ris na caoraich-mhòra no na trì màil.

Agus a bharrachd air sin (ibid., 101):

Chan e mhàin gun robh i na meadhan gu thusa agus feadhain eile fhàgail bochd air a’ bhliadhna seo, ach theagaisg i droch cleachdainnean duibh, do nach faigh sibh cuidhte r’a luathas. Tha sibh air fàs leisg, lunnach: tha sibh air fàs dìblidh, giùgach, leòcach, liosta. Tha na ficheadan, mar is maith tha fios agad, a tha nis ag iarraidh na dèirce gun nàire gun athadh, le ’m b’ fheàrr mun d’ thàinig a’ mhin Ghallda don dùthaich, an cruaidh-chàs bu mhò fhulang na gum biodh a leithid do thilgeachan orra fèin no air an sliochd; agus nach eil cron mòr an sin? [...] A’ mhin mhosach! Rinn i tuilleadh a bhriseadh spiorad nan Gàidheal na rinn latha Chuilodair ’s an t-arm dearg.

’S e cànan làidir da-rìribh a tha seo agus nas treasa buileach leis mar a bha e tighinn bho fhear a rinn uiread aig àm na gorta airson airgead a chruinneachadh agus min a sgaoileadh dha na Gàidheil a bu bhochda. Ma thilleas sinn, ge-tà, dhan an fhianais a thugadh seachad don Chomataidh Thaghte ann an 1841 gheibhear John Bowie ag innse mun droch bhuidhe a bha aig na tabhartasan carthannach air an t-sluagh ’s gur e tha iad air dèanamh, ‘*to lead them to a belief that whatever their sufferings or destitution may be, the proprietors are bound to support them*’ (PP 1841, 11). Ann am beachd an Urr. Iain MhicLeòid, ‘*perhaps it had induced*

them [na Gàidheil] *to place an undue reliance on the benevolence of the public*', ged nach robh e air mothachadh nach robh iad ag obair cho cruaidh s a b' àbhaist dhaibh (ibid., 100). Tha an còmhradh aig Tormod MacLeòid gu h-àrd a' dearbhadh gun robh imcheist agus dragh aig feadhainn mun bhuidhe a bha aig 'min nam bochd' air na Gàidheil. Bha MacLeòid a' feuchainn fèin-chuideachadh agus saothair a bhrosnachadh am measg a luchd-leughaidh, a' cleachdadh eisimpleir Ailein agus Alastair airson seo a chur an cèill dhaibh. Bu chòir a ràdh gun deach riaghailtean ùra a thoirt a-steach aig àm na h-ath ghorta ann an 1846. Cha deach min a sgaoileadh an asgaidh ach bha aig daoine ri obair a dhèanamh air a son, airson an dearbh shuidheachadh a thaisbein MacLeòid na chòmhradh a sheachnadh.

Airson beachdan MhicLeòid air fuadaichean agus eilthreachd a rannsachadh nas doimhne feumaidh sinn tarraing a-rithist air na thuirt e ris a' Chomataidh Thaghte agus coimeas a dhèanamh eadar sin agus na thuirt e ri a luchd-leughaidh. Nuair a bheachdaich MacLeòid air àireamh an t-sluaigh air a' Ghàidhealtachd air beulaibh Comataidh na Pàrlamaidh 'innis e dhaibh, *'the country is now threatened with an apoplectic attack; it must be bled; the homeopathic system will not meet the pressure of the malady upon the system (PP 1841, 84)*. Nuair a chaidh faighneachd dha am bu chòir dha na h-uachdarain Ghàidhealach cuid de na cosgaisean an lùib sgeama eilthreachd a phàigheadh, 's e na fhreagair e (PP 1841, 76):

I do not think the evil has been brought on by them [na h-uachdarain], and I believe that they can, by the common law of the land, remove the people in the same way as any proprietor in the kingdom can remove cattle or men from his estate if he thinks proper.

Feumar cuimhneachadh gum b' e bean MhicLeòid Agnes Maxwell, nighean Sheumais Maxwell a bha na Sheumarlain do Dhiùc Earra-Ghàidheal. Mar sin, cha bhiodh e na iongnadh nan robh e beagan taobhach na shealladh. Air a' chiad leughadh tha e coltach gu bheil na faclan gu h-àrd a' dol buileach an aghaidh an ainm a thugadh air mar 'Caraid nan Gàidheal'. Ach, mar a chaidh a ràdh mu dheidhinn mar thà, feumar a bhith mothachail air cò ris a bha e a' bruidhinn, air dè bhitheadh iadsan airson cluinntinn agus air mar a bha e a' feuchainn an taic fhaighinn airson sgeama eilthreachd a chuidicheadh a luchd-dùthcha. Ged a bha MacLeòid taiceil do dh'uachdarain na Gàidhealtachd rinn e oidheirp mhòr a bhith daingneachadh dhan Chomataidh cho onarach, dìcheallach 's a bha giùlan nan Gàidheal, ag innse dhaibh gu bheil *'the*

conduct of the Highland population [ann an Glaschu] [is] far superior to that of the Irish [...] they are a frugal race' (PP 1841, 115).

Ge b' e dè na beachdan a tha againn an-diugh air eilthreachd às a' Ghàidhealtachd anns an 19mh linn feumaidh sinn coimhead air MacLeòid na cho-theacsa fhèin. Aig toiseach nan 1840an cha robh ministearan a' bruidhinn a-mach an aghaidh uachdarain agus gu dearbh bha cuid aca a' toirt taic làidir do dh' uachdarain. Bha an eaglais anns an fharsaingeachd a' cur cudrom air leasachadh moralta agus spioradail an t-sluaigh an àite leasachaidh sòisealta. Ann a bhith a' cur cudrom air gnothaichean sòisealta, a leithid cor an t-sluaigh air a' Ghàidhealtachd agus na ghabhadh dèanamh airson an suidheachadh a leasachadh, bha MacLeòid gu math adhartach am measg mhinistearan a linne, ged a tha e fìor gun cuireadh na h-uachdarain fàilte air na beachdan a chuir e an cèill, a' faicinn eilthreachd mar dhòigh air an t-uallach a bha orrasan a lasachadh.⁴

Tha an t-iomagain a bha air MacLeòid mu chor a luchd-dùthcha follaiseach a-rithist ann an òraid a thug e seachad aig coinneamh ann an Glaschu ann an 1841. Bha a' choinneamh ga cumail airson iarraidh air an riaghaltas uachdranachd Bhreatainn thar New Zealand a dhìon. An turas seo chan ann a-mhàin do dh' eilthreachd às a' Ghàidhealtachd a thug MacLeòid (1898, 176) taic ach do dh' eilthreachd airson figheadairean na Galltachd agus daoine eile a bha gun chosnadh:

I will yield to none in affection and love for my own countrymen, or for the citizens of Glasgow. I feel as much love for them as any man can feel, but I love them too well not to pity them, and wish them removed from scenes of poverty and destitution scarcely credible to more favoured countries where there is room for them, and where, if they do not rise to affluence, they will at least have abundance of the necessities of life.

Chan eil sin ri ràdh nach robh teagamh sam bith aig Caraid nan Gàidheal mu mhìltean de Ghàidheil a' togail orra do dhùthchannan cèine. Anns na còmhradh a sgrìobh e airson leughadairean *Cuairtear nan Gleann*, bhitheadh e a' cleachdadh characteran le ùghdarras, leithid a' Mhinistear, airson stiùireadh a thoirt do characteran eile. Tha e inntinneach gu bheil aon de na còmhradh seo, bhon Fhaoilleach 1841, a' tighinn gu crìoch air faclan Eachainn, croitear Gàidhealach, a tha

⁴ Faic Paton 2006, Caibideil 4 air na rinn ministearan ri linn fuadaichean Chataibh.

Glasgow: Baile Mòr nan Gàidheal

a' càineadh nan ùghdarrasan. Chan eil caractar eile a' cur an aghaidh beachdan Eachainn nuair a chanas e (*CnanG* 1 1841, 264):

Nach h-aimeadach, dall, gun tuigse na daoine móra tha air ceann na rìoghachd, a' fogradh nan Gàidheal thairis, 'g am fuadach do gach cearn do'n t-saoghal, na daoine ceanalta dìleas, a seasachd còir agus laghnna rìoghachd, [...] Stadadh sibhse, chithear latha fhathast 's an gabh iad an cothrom féin agus a thuigear nach seas caoraich-mhór a' Ghàidhealtachd, no Eirionnaich a' Ghalldachd, àite nan daoine tapaidh, cneasda foghainteach a b' éiginn tìr an òige fhàgail, agus dachaidh a shireadh ann a coillte fàs America, no am measg fàsaichean tioram loisgeach Australia.

Airson a' mhòr-chuid ge-tà, bhiodh MacLeòid a' cleachdadh a sgrìobhaidhean airson eilthireachd a bhrosnachadh (Kidd 2002). Chaidh an iris aige, *Cuairtear nan Gleann* (1840–43) a stèidheachadh agus amas aice a bhith a' libhrigeadh fiosrachaidh do na Gàidheil mu eilthireachd (*PP* 1841, 82). Cha do mhair an iris mhiosail seo ach trì bliadhna ach tro na bliadhnachan seo chaidh co-dhiù fichead alt 's a h-ochd a bha buntainn ri eilthireachd fhoillseachadh agus chan eil an àireamh sin a' toirt a-steach pìosan naidheachd goirid. Mar a bu trice bha na h-altan seo a' brosnachadh eilthireachd ann a bhith a' toirt fiosrachaidh dhaibh mu dhùthchannan eile leithid Canada, New Zealand, agus fiù 's na h-Eileanan Falcland. Faodaidh gur e am pìos as inntinniche còmhradh eadar Fionnladh Piobaire, Màiri (a bhean) agus Para Mòra a nochd sa chiad iris den *Chuairtear*. Tha Para Mòr ag innse dha chàirdean gu bheil dùil aige dùthaich a bhreith fhàgail a chionn 's nach eil càil eile a ghabhas dèanamh (*CnanG* 1, 1840, 11):

Cha chreid mi nach e toil an Fhreastail sinn ga fàgail, nach d' thàinig plàigh air a' bhuntàta fèin, cha chinn lus no bàrr mar a b' àbhaist da; chan urrainn sinn a' mhòine fèin a chaoineachadh; nach d' fhàg an sgadan ar cladaichean? nach eil gort agus ganntar an dèidh feòil dhaoine bochda chnàmh? Nach robh na mìltean a' tighinn suas air min-bhàin na dèirce o chionn bliadhna no dhà? Mur biodh Dia air a cur nar rathad ciod a dh'èireadh dhuinn? An tèid gaoir nam pàistean às mo chluais fhad 's tha 'n deò annam? [...] Chan eil mise coireachadh neach air bith, b' e 'n cuid fèin a bha ann, cha d' rinn iad ach ceartas ach O! tha 'n ceartas air uairibh cruaidh; ach carson tha mi gearan! cha robh còir agam air iochd.

Tha Para Mòr a' gabhail ri a shuidheachadh mar thoil Dhè agus chan eil e a' faighinn cron do na h-uachdarain. Bha e na eisimpleir de ùmhlachd do leughadairean na h-iris, na eisimpleir air mar bu chòir dhaibh a bhith gan giùlan fhèin. Aon uair eile tha sinn a' faicinn mar a bha MacLeòid na eadar-mheadhanair eadar na Gàidheil agus an saoghal taobh a-muigh na Gàidhealtachd, air an aon làimh a' tagradh às leth nan Gàidheal ann an Lunnainn, agus air an darna làimh a' brosnachadh eilthreachd ann a bhith a' toirt fiosrachaidh dha na Gàidheil a bha beachdachadh air a' Ghàidhealtachd fhàgail.

Sgrìobhadh

Thòisich Tormod MacLeòid air a làmh a chur gu sgrìobhadh aig deireadh nan 1820an agus feum ana-mhòr air teacsaichean Gàidhlig airson nan sgoilearan a bha gan teagasg a bhith a' leughadh na Gàidhlig anns na sgoiltean a bha Àrd-Sheanadh na h-Eaglais air ùr-thòiseachadh air stèidheachadh. 'S e an dìth seo a thug air *Co'chruinneachadh air a chur r'a chéile air iarrtas Comuinn Ard-Sheanadh Eaglais na h-Alba airson an Sgoilean* a chur a-mach, a' mhòr-chuid dheth ga sgrìobhadh leis fhèin (1828). Tha a' chuid as motha de na sgrìobhaidhean san leabhar sin a' buntainn ri gnothaichean spioradail no moralta, ach 's e an rud as follaisiche mu na pìosan eile gu bheil iad gu math tric a' toirt iomradh air an t-saoghal taobh a-muigh na Gàidhealtachd, m.e. 'Beinn Vesuvius', 'Mar fhuaradh a mach America' agus 'Mu na Laplannaich', sgrìobhaidhean a bha a' fosgladh uinneag air an t-saoghal mhòr do na Gàidheil. A bharrachd air sin, 's ann anns an leabhar sin a nochd am pìos sgrìobhaidh Gàidhlig as ainmeile bhon naoidheamh linn deug, 'Long Mhòr nan Eilthreach', a' cur bròn agus dòchas eilthirich fa chomhair leughadairean (MacLeod 1828, 79–88).

Ann an 1831 dh'fhoillsicheadh *Dictionary of the Gaelic language*, fo ainm MhicLeòid agus an Urr. Dr Daniel Dewar, a-rithist ag amas air feuman sgoilearan a fhrithéaladh. Ann an eachdraidh-beatha MhicLeòid, tha mac MhicLeòid a' cumail a-mach nach robh làmh cho mòr air a bhith aig Dewar anns an fhaclair idir, agus e ag innse mar a bha athair air a bhith an sàs san obair, '*in conjunction (nominally) with Dr. Daniel Dewar, who contributed little or nothing to the work, with the exception of the Dedication to the Duke of Gordon, his own idea, – and that without consulting his coadjutor*' (MacLeod 1898, 91). Faodaidh nach robh làmh cho mòr aig MacLeòid sa ghnothach na bu mhotha. Ann an cunntas mu fhoillsichear an fhaclair, W. R. MacPhun, an dèidh a bhàis ann an 1877 chaidh a sgrìobhadh:

Glasgow: *Baile Mòr nan Gàidheal*

He paid the Macfarlanes, father and son [na sgoilearan Pàdraig agus Dòmhnall MacPhàrlain], for compiling the Gaelic Dictionary of MacLeod and Dewar, a compilation which cost their lives to the highly diligent scholars, the Macfarlanes. MacLeod and Dewar received £200 from Mr McPhun for allowing their names on the title-page as authors. It was rightly judged that the Dictionary would sell better with their names than with those of the Macfarlanes (HE 23/9/1877).

Thàinig *Leabhar nan Cnoc* a-mach ann an clò ann an 1834, stèidhichte gu ìre mhòr air *Co'chruinneachadh* (1828). Ach, faodaidh gum b' e an obair a bu chudromaiche a rinn e san raon seo irisean a stèidheachadh agus e a' feuchainn farsaingeachd de stuth leughaidh a sholarachadh do na Gàidheil. Tha an ro-ràdh a chuir a mhac, Tormod (ministear a' Bharonaidh ann an Glaschu), ri cruinneachadh sgrìobhaidhean athair, *Caraid nan Gaidheal*, ag innse:

The first magazine was suggested by his dear friend, Dr Baird, well-called 'the Highlander's friend', who drew out the prospectus, and the plan on which he thought it should be carried on, which was intended not so much to satisfy as to stimulate the Highland mind, through the Gaelic language, to seek in literature what could be afforded through the English language.

B' e an iris seo *An Teachdaire Gae'lach* a chaidh fhoillseachadh eadar An Cèitean 1829 agus An Giblean 1831. Tha litir a chuir MacLeòid gu Baird còmhla ri leth-bhreac den a' chiad dà iris dheug dheth cuideachd a' bruidhinn air a' bhrosnachadh a fhuair e bho Bhaird agus e ag ràdh: '*I need scarcely remind you of the unceasing anxiety with which you urged me day after day to undertake such a work – nor is it necessary to refer to the great reluctance with which I agreed to undertake our experiment*' (Blair 40). Bha MacLeòid air comharrachadh a-mach do Bhaird anns a' chlàr-innse na pìosan a bha e fhèin air sgrìobhadh thar na bliadhna a bha an iris air a bhith a' tighinn a-mach agus 's ann bho sin a chithear cho mòr 's a bha an t-uallach air an fhear-deasachaidh oir, a-mach à 172 pìosan bha MacLeòid air 127 dhiubh a sgrìobhadh. Às aonais an lethbhrìc seo den iris bhitheadh e doirbh gach pìos a sgrìobh MacLeòid aithneachadh, oir ged a bhiodh e a' cur nan litrichean T. O. (Tormod Òg) ri cuid de na sgrìobhaidhean aige, nochd mòran aca gun urra.

Chan eil teagamh nach robh uallach mòr air MacLeòid leis an obair a bha an lùib deasachadh na h-iris agus a' sgrìobhadh air a son agus b' e

a' bhuil gun tàinig air sgur den an obair ann an 1831. Ann an litir a dh'fhoillsich e anns an iris mu dheireadh, tha MacLeòid a' mìneachadh gur e briseadh air a shlàinte a bha toirt air obair *An Teachdaire* a leigeil seachad, briseadh nach eil cho iongantach nuair a dh'ionnsaicheas sinn gur ann bho chadal na h-oidhche a bhiodh e a' goid ùine airson a bhith ag obair air an fhoillseachadh. Tha an litir sin a' toirt cothrom dha a bhith a' bruidhinn ann am faclan searbha air an dìth taic a fhuair e bho chuid de na Gàidheil agus air an nàimhdeas a tharraing oidhirpean bho chuid aca (TG 24, 281):

Airson na feagnach sin a rinn an dìchioll chum cur as duinn, cuid diubh le gamhlas follaiseach agus cuid le *tolladh fodhainn* gu lùbach, cealgach, 'nan dòigheannan sleamhain féin, gu'm meal iad na choisinn iad.

'S dòcha gun robh Daniel Dewar am measg na feadhna sin oir ann an duilleagan *An Teachdaire* fhèin (TG 15, 1830, 72) tha am fear-deasachaidh ag ràdh, 'cha do chuir Dr. Dewar focal riamh fhathast anns an Teachdaire Ghaelach', ged nach eil e ag ainmeachadh aon duine eile nach tug taic dha.

Ma chuimhnicheas sinn gun robh rosg Gàidhlig nan leabhraichean air a bhith cuingealaichte ri searmonan agus ri eadar-theangachaidhean bhon a' Bheurla ro 1829 tuigear cudrom iris MhicLeòid. 'S e na bha ùr agus annasach mun *Teachdaire Ghae'lach* na linn gun robh sgrìobhaidhean Gàidhlig rim faighinn air farsaingeachd de chuspairean a bharrachd air searmoinean agus gun robh a' mhòr-chuid de na h-altan air an sgrìobhadh ann an Gàidhlig o thùs ged a chaidh cuid aca eadar-theangachadh bhon a' Bheurla. Mar a tha Mac Eachaidh (2002, 141) a' cur an cèill, ge-tà, cha do ghabh an iris gnothach ri cor muinntir na Gàidhealtachd aig an àm agus bhiodh e a' seachnadh chuspairean poiliteagach gu ìre mhòr. Am measg nan sgrìobhaidhean a nochd ann bha searmonan, fiosrachadh practigeach a' buntainn ri àiteachas, eachdraidh, seann sgeulachdan, còmhraidhean, fiosrachadh mu dhùthchannan eile, òrain agus laoidhean naidheachdan, agus poiliteags. Bha am measgachadh seo car coltach ris an t-seòrsa cothlamaidh a bha ri fhaighinn ann an irisean sa Bheurla aig an aon àm a leithid *The Selector* agus an *Cheap Magazine* (Mac Eachaidh 2002, 145). B' e fear de amasan MhicLeòid a bhith a' toirt fiosrachaidh 'feumail' dha luchd-leughaidh, mar a bhiodh irisean Beurla a' dèanamh agus b' e sin a bu chuireach gun do nochd altan anns *An Teachdaire* a leithid 'Mu na h-Innleachdaibh' (15–17), 'Ma'n Sgadan' (63–64), 'Sluagh an t-Saoghail' (70–71), 'Mu Gharadh Chroiteirean' (117), agus 'Mu chur a' bhuntata' (287–88).

Chithear gun robh cas aig *An Teachdaire* an dà chuid air a' Ghàidhealtachd agus anns an t-saoghal mhòr. Ri taobh altan a leithid 'Eachdruidh mu Bhliadhna Thearluich' (sreath de dh'altan a' tòiseachadh 57–60), 'Mort Ghlinne Comhann' (60–63), 'Naigheachd air Ceann-cinnidh Chloinn Ghriogair' (20–21), 'Gna-fhocail Ghae'lach' (39–40), gheibhear sgrìobhaidhean a tha a' cur an t-saoghail mhòir fa chomhair leughadairean na h-iris agus ga mhìneachadh dhaibh, mar 'Mu Inneal na Deathacha' (64–66) 'Mu Aibhnichean mòr an t-saoghail' (196–97), 'Mu Thobraichean Goileach *Iceland*' (197–98), 'Balla mòr rioghachd China' (198–99), 'A' Pharlamaid' (262).

'S e an aon rud a mhothaichear anns an darna iris a stèidhich MacLeòid ann an 1840 agus a thàinig a-mach fad trì bliadhna, *Cuairtear nan Gleann*, gun robh saoghal na h-iris tòrr na b' fharsainghe na a' Ghàidhealtachd fhèin. Am measg nam prìomh amasan a bha aig MacLeòid ann an cur na h-iris seo air bhonn bha fiosrachadh earbsach a thoirt do na Gàidheil a bha beachdachadh air eilthireachd a dhèanamh (Kidd 2002) agus mar sin tha altan ann mu Chanada, Ameireaga, Astràilia, New Zealand agus àitean eile dhan deidheadh Gàidheil 's iad air tòir beatha ùr an dèidh bhliadhnachan gorta. 'S e a' bhuil gu bheil dreach gu math eadar-nàiseanta air duilleagan a' *Chuairteir* agus gum faodar MacLeòid fhaicinn mar eadar-mheadhanair anns an dòigh anns an robh e a' rannsachadh agus a' toirt seachad fiosrachaidh do luchd-leughaidh mu eilthireachd.

Tha obair-sgrìobhaidh MhicLeòid mar chloich-mhìle airson rosg Gàidhlig, chan ann a-mhàin airson mar a sgrìobh e air cuspairean ùra ach a bharrachd air sin airson mar a dh'fheuch e modhan-sgrìobhaidh ùra a chleachdadh a bhiodh na b' fhasa do Ghàidheil a thuigsinn na bha eadar-theangaichean de shearmonan Beurla a bha am measg nam foillseachaidhean a bu chumanta ann an deicheadan tràtha na naoidheamh linn deug. 'S e an 'còmhradh', mar a bu trice eadar dithis no trìuir characteran, an dearbhadh as follaisiche air an amas seo, modh-sgrìobhaidh a chleachd MacLeòid anns a' chiad iris den *Teachdaire Ghae'lach* agus iomadh uair an dèidh sin, agus a chleachdadh sgrìobhadairean Gàidhlig gu cunbhalach gu ruige deireadh na naoidheamh linn deug. Bha iomadh buannachd anns a' chòmhradh dhan sgrìobhadair leis mar a thug e cothrom dha guth na bu phearsanta a thoirt dhan teachdaireachd aige agus cànan na b' fhaisge air Gàidhlig làitheil a chleachdadh na bha air a bhith ga chleachdadh ann an clò gu ruige sin. Gu dearbh, bha e mar cheangal eadar litearras agus saoghal beul-aithriseach nan Gàidheal agus ghabhadh còmhradhean leughadh a-mach mar dhealbhan-chluich airson daoine nach robh comasach air an leughadh.

Feumar a ràdh gun robh an gnè-sgrìobhaidh seo gu math sùbailte cuideachd, eadar leigeil le MacLeòid a bhith a' dèiligeadh ri grunn chuspairean anns an aon chòmhradh agus a' toirt cothrom dha a bhith ri àbhachd nuair a bha sin a' tighinn ris a' chuspair (Kidd, ri thighinn). Tha feartan a' chòmhradh so-fhaicsinn ann an 'Comhradh eadar Cuairtear nan Gleann agus Eachann Tirisdeach' (*CnanG* 7 1840, 150–55) anns a bheil Eachann ag innse dhan Chuirtear mun chuairt aige air an each-iarrainn eadar Glaschu agus Pàislig. Tha an còmhradh èibhinn agus Eachann bochd ag innse mar a bha eagal a bheatha air agus seo a' chiad uair a bha e air a bhith air carbad na smùide (152):

Bha mi nis gam fhaireachdainn fhèin rud-eigin socrach, agus an t-eagal gam fhàgail, nuair a thàinig an dubh-dhorchadas oimn! Cha robh grian no leus solais ann, creag mhòr dhubh ri cliathach a' charbaid agus an aon fhuaim fhàsail, eagalach, air chor agus eadar rànaich an eich iarainn, gleadhraich na h-acfhainn agus co-fhreagradh mhic-talla san uaimh dhuirche tre 'n robh sinn a' dol, gun robh mi uile gu lèir fo eagal na bu mhò na bha mi fhathast – air mo bhòdhradh, air mo dhalladh, 's mo cheann san tuainealaich. 'Ciod è so?' arsa mise ri Niall. 'An Tunnel,' ars esan. 'B' e 'n donnal e gu dearbh,' arsa mise, 'an donnalaich as gràinde chuala mi; ach am prioba na sùla bha sinn a-mach taobh eile chnoic!'

Chaidh an còmhradh seo fhoillseachadh mìos an dèidh dha Rathad-Iarainn Glaschu, Pàislig, Cill Mheàrnaig agus Inbhir Àir tòiseachadh air carbadan a ruith eadar Glaschu agus Àir. Cha bhiodh mòran de luchd-leughaidh a' *Chuirteir* eòlach air an inneal ùr seo agus bha an còmhradh na dhòigh air fiosrachadh agus fealla-dhà a thoirt dhaibh ann an cànan a bha furasta a thuigsinn. Tha gleus a' chòmhradh an uair sin ag atharrachadh agus an dithis characteran a' bruidhinn air an dàimh eadar an dùthaich agus na bailtean agus mar a bha a' chòmhdhail ùr gan toirt na b' fhaisge air a chèile, le Eachann a' faicinn a' chroin a tha seo a' dèanamh agus an Cuairtear ga moladh, a' dearbhadh mar a ghabhadh an gnè-sgrìobhaidh seo a chleachdadh airson dà thaobh a' chuspair a chur fa chomhair leughadairean.

Co-dhùnadh

Chithear bho na sgrìobhaidhean aig Tormod MacLeòid mar a bha e na eadar-mheadhanair eadar saoghal nan Gàidheal agus saoghal na Beurla, eadar saoghal an litearrais agus saoghal beul-aithris agus tha seo a' riochdachadh a bheatha, gu sònraichte na bliadhnachan sin a chuir e

Glasgow: Baile Mòr nan Gàidheal

seachad ann an Glaschu, a' frithealadh nan Gàidheal, an dà chuid Gàidheil Ghlaschu agus Gàidheil na Gàidhealtachd. Mar a thathar ag ràdh, "S fheàrr caraid sa chùirt na crùn san sporan' agus faodaidh gur ann mar sin a dh'fhairich iomadh Gàidheal a ràinig doras MhicLeòid ann an Glaschu a' sireadh cuideachadh bhon an duine a bha gu neo-oifigeil mar sheòrsa Àrd-Chonsal dha na Gàidheil. Ach bha buaidh na b' fharsainghe na sin aig a ghnìomhan leis na rinn e a thaobh tagradh às leth nan Gàidheal aig àm nan gort; na h-oidhirpean aige ann am foghlam a leudachadh air a' Ghàidhealtachd; agus na slighean ùra a dh'fhosgail e airson litreachas Gàidhlig. Tuigear firinn nam facal a sgrìobh 'Highlander' ann an litir a chaidh fhoillseachadh anns an *Glasgow Herald* goirid an dèidh bàs MhicLeòid, ga mholadh 's ag ràdh, 'though nominally the minister of St Columba his parish may be said to have extended from Barrahead to John o' Groats' (28/11/1862).

TAING

Mo thaing dhan Àrd-Ollamh Dòmhnall E. Meek, dhan Oll. Michel Byrne agus dha Joan Dhòmhnallach airson beachdan agus cuideachadh a thoirt dhomh fhad 's a bha mi ag obair air an alt seo. Thug mi seachad dreach dhen a' phàipear seo ann an Roinn na Ceiltis san Dùbhlachd 2005 agus tha mi mòran an comain an luchd-èisteachd airson am beachdan.

CLÀR-LEUGHaidh

- Blackie, J. S. 1876. *The Language and Literature of the Scottish Highlands* (Edinburgh: Edmonston and Douglas)
- Blair 40: MacLeod, N. 'Letter to George Husband Baird', National Library of Scotland. Blair 40
- CnanG: Cuairtear nan Gleann*
- Darroch, D. 1863. *Caraid a' Ghaidheil: searmoin air beatha an olla Urramaidh nach maireann, Tormod Mac-Leoid* (Glasgow: A. Sinclair)
- The Edinburgh Christian Instructor*
- Extracts from Letters to the Rev. Dr McLeod, Glasgow regarding the famine and destitution in the Highlands of Scotland 1847.* (Glasgow: John Smith & Son)
- Glasgow Herald*
- HE: The Highland Echo/Guth nan Gaidheal*
- Kidd, S. 2002. 'Caraid nan Gaidheal and "Friend of Emigration": Gaelic Emigration Literature of the 1840s', *Scottish Historical Review*, 61. 1: No. 211: 52–69

- (ri thighinn), ‘An Eye to the Ear: The interface between oral and literate cultures in the nineteenth-century Highlands’, *Scottish Studies*
- MacCurdy, E. 1950. “‘Caraid nan Gàidheal’”, *TGSI* 39/40 (1942–50): 229–42
- Mac Eachaidh, T. 2002. ‘Caraid nan Gàidheal as discerned through the pages of *An Teachdaire Gaelach*, 1829–31’, ann an *Rannsachadh na Gàidhlig 2000* C. Ó Baoill & N. R. McGuire, (deas.) (Obar Dheathain: An Clò Gàidhealach), dd 141–47
- MacNeill, N. 1892. *The Literature of the Highlanders: a History of Gaelic Literature from the Earliest Times to the Present Day* (Inverness: John Noble)
- MacLean, D. 1915. *Typographia Scoto-Gadelica or books printed in the Gaelic of Scotland from the year 1567 to the year 1914* (Edinburgh: John Grant)
- MacLeod, D. J. 1977. ‘Gaelic Prose’, *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* Vol. 49 (1974–76): 198–230
- MacLeod, J. N. 1898. *Memorials of the Rev. Norman MacLeod (Senr) D.D.* (Edinburgh: David Douglas)
- MacLeod, N. 1899 [1867]. *Caraid nan Gàidheal (The Friend of the Gael): A Choice Selection of the Gaelic Writings of the Late Norman MacLeod*, deas. A. Clerk (Edinburgh: Norman MacLeod)
- MacLeod T. 1834. *Leabhar nan Cnoc: comh-chruinneachadh do nithibh sean agus nuadh : airson oilean agus leas nan Gàidheal* (Greenock: Neill and Fraser)
- Meek, D. E. ri thighinn. *Os Cionn Gleadhraich nan Sràidean: Taghadh de Sgrìobhaidhean Gàidhlig an Ollaimh Urr. Tòmas M. MacCalmain* (Edinburgh: Scottish Gaelic Texts Society)
- Ó Baoill, C. 1981. ‘Norman MacLeod, Cara na nGael’, *Scottish Gaelic Studies* 13 Pt II: 159–68
- Paton, D. 2006. *The Clergy and the Clearances. The Church and the Highland Crisis 1790–1850* (Edinburgh: John Donald)
- PP 1841: Parliamentary Papers* Report of the Select Committee appointed to inquire into the Condition of the Population of the Highlands and Islands, 1841, VI.
- TG: An Teachdaire Gae’lach*
- Thornber, I. (ed.). 2002. *Morvern: A Highland Parish* (Edinburgh: Birlinn)